



## Fàilte / Welcome to this session Àrd-sgoil Phort Rìgh / Portree High School agus e-Sgoil

**“An taic làidir a th’ aig luchd-obrach agus buidhnean com-pàirteachaidh dhan Ghàidhlig. Tha seo a’ ciallachadh gum faigh daoine òga deagh eòlas agus sàr choileanas na chois.**

**Staff and partner agencies’ strong commitment to Gaelic is strength. This is leading to positive experiences and strong achievement for young people.”**

**Àrd-neach-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam**



## Amasan / Objectives

- co-roinn mar a tha cruitharan a' churraicealaim a' brosnachadh chom-pàirtichean ann an taic a thoirt do churraicealam tro Mheadhan na Gàidhlig aig Àrd-sgoil Phort Rìgh.
- aire a thoirt air mar a cho-obrach an siostam gus taic a thoirt do dh'Fhoghlam Gàidhlig tro ionnsachadh aig astar
- eisimpleirean a thoirt air mar a thathar a' toirt taic do dh'òganaich ann an foghlam ath-shlànachaidh
- broснаich ath-thogail nas làidire bhon ghalar mhòr-sgaoilte, agus ag aithneachadh mar a dh'fhaodadh teicneolas a chuideachadh ann an ruigsinn an amais seo.

# Amasan



- Co-roinn sealladh agus adhbhar na h-e-Sgoil
- Mìnich mar a fhreagair e-Sgoil ris a' ghalar mhòr-sgaoilte
- Thoir cunntas air nàdar air leth na tairgse againn

# Carson e-Sgoil?



## Buannachdan airson Luchd-ionnsachaidh

- Pearsanachadh & roghainn - cothroman gus cuspairean a rannsachadh nach eil rim faighinn san sgoil agaibh gu h-àbhaisteach
- Inntrigeadh do speisealaichean nan cuspairean
- Sgilean litearrachd didseatach leasaichte
- Feumalachdan Taice a Bharrachd
- Bearrteachadh a' churraicealaim
- Tha cothrom aig sgoilearan bun-sgoil air toirt-a-steach nan speisealaichean àrd-sgoil
- Cothrom airson obrachadh còmhla ri sgoiltean eile
- Cothrom airson obrachadh còmhla ri com-pàirtichean e-Sgoil

## Buannachdan airson Tidsearan

- Ag obair gu sùbailte
- Leasachadh eòlas-teagaisg
- Brosnaich sgilean didseatach
- Cothroman lìonrachaidh – measrachadh/co-roinneadh
- Ionnsachadh proifeasanta
- Adhartas dreuchd
- A' toirt chnapan-starra air falbh

## Buannachdan airson

### Àrd-stiùirichean

- Taic ann a bhith a' ruigsinn stiùireadh reachdail
- A' solarachadh slighean pearsanta airson luchd-ionnsachaidh
- Cothrom air speisealaichean dìleas anns a' Ghàidhlig agus a' churraicealam
- Cothrom air solarachadh na Gàidhlig agus tro mheadhan na Gàidhlig sònraichte

# Foir-shealladh air an tairgse airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG)

Tairgse Nàiseanta na  
Gàidhlig - Cothroman  
airson Gàidhlig Nàiseanta  
5/Àrd-ìre anns a h-uile  
Sgoil.

Solarachadh sònraichte  
airson bun-sgoil agus àrd-  
sgoil

Eadar-mheadhan agus  
taic a thoirt don  
bhuidhinn feumalachdan  
ionnsachaidh a bharrachd  
agus planaich

Com-pàirteachadh le  
buidheann Ghàidhlig gus  
ceòl, cànan agus cultar a  
bhrosnachadh

Steach-churan  
Beirteachadh a'  
Churraicealaim – 'Gàidhlig  
Bheò' agus  
'Cothrom'

Bun-obair – solarachadh  
còmhdaich

Ionnsachadh proifeasanta  
fad-dreuchd

Ceanglaichean Eadar-  
nàiseanta - Canada agus  
dùthchannan eile



## Ag Ath-thogail nas Fheàrr

Tha e riatanach ùine a lorg airson beachdachadh air an ionnsachadh sin (bhon ghlasadh-shluaigh) riatanach agus tha feum aige air ceannardas. **'S e cothrom a th' ann an seo airson sgoiltean (agus an t-siostaim) gus tilleadh nas làidire le bhith a' fighe ionnsachadh a-staigh gu smaoinichadh, planadh agus gnìomhan co-obrachail.** Ma tha stiùirichean a' lorg an ùine gus an ionnsachadh seo a stiùireadh, a' cumail fòcas air 'cùisean proifeasanta agus eòlas-teagaisg' (Earley, 2021), **faodaidh na buannachdan a bhith ana-mhòr.**



## Trì Thoir-Air-Falbh bho Fhèis Ionnsachaidh na h-Alba

**Thoir-air-falbh a h-aon:** Cumaibh oirbh a' co-obrachadh air a' churraicealam gus cothromas, in-ghabhaltachd agus slighean pearsanta gus ionnsachadh a thogail ann an Gàidhlig a bhrosnachadh timcheall air an òganach.

**Thoir-air-falbh a dhà:** Dèanaibh àbhaisteach cleachdadh teicneòlais airson a' Churraicealaim lìbhrigeadh ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

**Thoir-air-falbh a trì:** Dèanaibh barrachd rannsachaidh air na cothroman air fad a thathar a' tairgseadh leis A' Churraicealam airson Sàr-mhaitheis. Bidh sealladh domhainn a dhìth airson seo, gus misneachd nan òganach a thogail ann an teisteanasan agus duaisean a ghabhail tro mheadhan na Gàidhlig. Airson seo tha e glè chudromach co-theacsa a thoirt airson aithisgean an OECD air a' churraicealam agus measadh gu agus airson na Gàidhlig.





## Ceistean dùbhlain

- Dè na feartan de chleachdadh èifeachdach a tha ag ath-fhuaimneachadh leibh bhon fhiolm ghoirid seo agus dè a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig seo air a' churraicealam agaibh?
- Dè th' ann am measadh èifeachdach, smaoineachadh air adhart air sgilean nan òganach ann an Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig?
- Thoiribh sùil eile air [Com-pàirteachas Frèam Creideis agus Teisteanais na h-Alba \(scqf.org.uk\)](http://scqf.org.uk) Dèanaibh ath-sgrùdadh air mar a dh'fhaodar an cleachdadh gus sgilean, eòlas agus tuigse nan òganach ann an Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aithneachadh.
- Dè tha seallaidhean nan òganach air mar a dh'fhaodadh an curraicealam agaibh airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a leasachadh?